2.6 Tha obair a' leantainn mu dhòighean air FLI agus FMG adhartachadh agus còmhraidhean agus oidhirpean gus buidhnean tràth-bhliadhnaichean a thòiseachadh san sgìrean a leanas, Comhairle na h-Eaglais Brice, Comhairle Siorrachd Àir a Deas, Comhairle Siorrachd Àir a Tuath, Comhairle Shiorrachd Rinn Friù, Comhairle nan Crìochan agus Comhairle Aonghais

3. Moladh

3.1. Gun toir a' Chomataidh am pàipear seo fa-near.

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdadh

- 4.1. Buaidhean air Ionmhas: Tha na cosgaisean uile taobh a-staigh a' bhuidseit.
- 4.2. Buaidhean air Luchd-obrach: Cha bhi buaidh ann
- 4.3. Buaidhean air Trèanadh: Cha bhi buaidh ann
- 4.4. Ceangalaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha an obair seo a' cur ri amas corporra 2: Gum bi barrachd chothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgìlean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail.
- 4.5. Buaidhean air Cliù: Cha bhi buaidh ann
- 4.6. Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Cha bhi buaidh ann
- 4.7. Buaidhean Laghail: Cha bhi buaidh ann
- 4.8. Buaidhean air Co-ionannachd: Cha bhi buaidh ann
- 4.9. Buaidhean air an Àrainneachd: Cha bhi buaidh ann

5. Ceangalaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input checked="" type="checkbox"/>
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconomaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnathach	<input type="checkbox"/>		

Pàipear 4.1

6. Cùrsa Riaghlachais

6.1. Thug an Sgioba Stiùiridh fa-near don phàipear seo air xxxx

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Giorrachaidhean

FLI = Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

FTG = Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

Coinneamh:	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là:	10 Sultain 2024
Tìotal:	Poileasaidhean HR
Gnìomh a dhìth:	Ri aontachadh
Àireamh pàipear:	5.1
Neach-labhairt:	Karen Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Gnìomhan
Pàipearan-taic:	PT1 Poileasaidh Chùisean Gearain PT2 Poileasaidh Trusaidh

1. Adhbhar

1.1. Airson aonta fhaighinn air na poileasaidhean seo.

2. Cùl-fhiosrachadh

2.1. Chaidh am Poileasaidh Chùisean Gearain seo gu neach-taic HR againn airson sgrùdadh agus tha atharraichean bheaga ri aontachadh a thaobh briathrachas ach chan eil càil sònraichte ri thogail an seo.

2.2. Chaidh am Poileasaidh Trusaidh againn thugaibh na bu thràithe sa bhliadhna agus chaidh faighneachd mun ùine dearbhaidh againn. Chaidh post-d a-mach ag innse gun deach aontachadh air 9 mìosan gus cumail ri na modhan-obrach aig an Riaghaltas. Cha tàinig eas-aonta air ais bho buill agus mar sin, tha sinn a' lorg aonta foirmeil air a phoileasaidh seo a-rithist.

3. Prìomh Aithris

3.1. Tha am fiosrachadh gu lèir ri fhaighinn anns na poileasaidhean:

PT1 Poileasaidh Chùisean Gearain

PT2 Poileasaidh Trusaidh

4. Moladh

4.1. Gun tèid na poileasaidhean seo aontachadh.

5. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 1.1. Buaidhean air Ionmhas: Cha bhi gin ann.
- 1.2. Buaidhean air Luchd-obrach: Cha bhi buaidh air luchd-obrach ach bi e feumail an fhiosrachadh a sgaoileadh do luchd-obrach.
- 1.3. Buaidhean air Trèanadh: Cha bhi gin ann.
- 1.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha ùrachadh a' phoileasaidh a' cur ris an t-amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
- 1.5. Buaidhean air Cliù: Cha bhi gin ann.
- 1.6. Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Cha bhi gin ann.
- 1.7. Buaidhean Laghail: Cha bhi gin ann.
- 1.8. Buaidhean air Co-ionannachd: Cha bhi gin ann.
- 1.9. Buaidhean air an Àrainneachd: Cha bhi gin ann.

2. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input type="checkbox"/>		

3. Cùrsa Riaghlachais

- 3.1. Dh'aontaich an Sgioba-stiùiridh ri susbaint a' phàipeir seo air 29 Lùnastal 2024.

4. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 4.1. Tha am pàipear seo fosgailte don phoball.



Poileasaidh Chùisean-gearain Grievance Policy

Air aontachadh le/Approved by: Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Air aontachadh le/Approved by: 30/08/2022

Lèirmheas a dhìth/Review due on: 30/08/2023

Eadar-theangachadh dearbhte/translation checked: xxxx

	Clàr-innse	Index	Duilleag/ Page
1	Adhbhar	Purpose	3
2	Farsaingeachd	Scope	3
3	Aithris Poileasaidh	Policy Statement	3
4	Modh-obrach	Procedure	4
5	Ag obair leis a’ Phoileasaidh seo	Working with this Policy	5
6	Dreuchdan agus Dleastanasan	Roles and Responsibilities	6
	Luchd-obrach	Employees	6
	Manaidsearan-loidhne	Line Managers	7
	Goireasan Daonna	HR	8
	A’ phearsa a bhios a’ tighinn còmhla ris an neach-obrach	The accompanying person	8
7	Dìon Dàta	Data Protection	9
8	Modh-obrach chùisean-gearain	Grievance Procedure	9
	A’ stiùireadh a’ mhodh-obrach airson chùisean-gearain	Conducting the grievance procedure	9
	Modh-obrach neo-fhoirmeil	Informal Procedure	10
	Modh-obrach foirmeil	Formal Procedure	10
	Ath-thagradh	Appeal	12
	Còir cuideigin a bhith còmhla riutha	Right to Be Accompanied	13
	Dàileachaidhean		
	Cùisean-gearain connspaideach no trom-chùiseach	Adjournments	14
	Còir air èisteachd cùis-ghearain a dhiùltadh	Contentious or Serious Grievances	14
	Cùisean-gearain a rinneadh ro crìochnachadh a’ chùmhnaight-obrach no an dèidh làimhe	Right to Refuse to Hear a Grievance	14
		Pre/Post Termination Grievances	14
9	Measadh Buidh air Co-ionannachd	Equality Impact Assessment	15
10	Eàrr-ràdh 1 – Clàr-ama	Appendix 1 – Timetable	16
11	Eàrr-ràdh 2 – Pròiseas airson Chùisean-gearain Coitcheann	Appendix 2 – Process for Collective Grievances	18
12	Smachd Sgrìobhainn	Document Control	19

Poileasaidh Chùisean-gearain

Grievance Policy

1 Adhbhar

Tha Bòrd na Gàidhlig an geall air dèanamh cinnteach gum bi a' mhòr-chuid de dhuilgheadasan a thachras aig obair air am fuasgladh gu neo-fhoirmeil eadar an neach-obrach agus am manaidsear-loidhne aca. Ach thathar ag aithneachadh agus ag aideachadh gum faod luchd-obrach faireachdainn gu bheil e riatanach fuasgladh foirmeil fhaighinn do ghearanan a dh'fhaodadh èirigh rè am fastaidh.

Faodaidh stiùireadh a shireadh aig àm sam bith bhon t-solaraidhe Ghoireasan Daonna againn air mìneachadh agus obrachadh a' poileasaidh seo.

Purpose

Bòrd na Gàidhlig is committed to ensure that most problems encountered at work are resolved informally between an employee and their manager. However, it is recognised and acknowledged that employees may feel it is necessary to seek a formal solution to complaints which may arise regarding their employment.

Guidance can be sought at all times from our HR provider on the interpretation and operation of this policy.

2 Farsaingeachd

Tha am poileasaidh seo a' buntainn ris an luchd-obrach uile aig Bòrd na Gàidhlig. Chan eil am poileasaidh seo mar phàirt de chòraichean cùmhnaint an neach-obrach. Tha Bòrd na Gàidhlig a' glèidheadh na còrach ri mion-fhiosrachadh nam poileasaidhean atharrachadh mar a tha riatanach mar thoradh air reachdas no feumalachdan na buidhne, ann an co-chomhairleachaidh le taobh an Aonaidh Chiùird (TU) mar a tha iomchaidh.

Sa chiad dol-a-mach, far an gabh a dhèanamh, bu chòir bruidhinn air cùisean-gearain le manaidsear-loidhne an neach-obrach ann an oidhirp gus fuasgladh fhaighinn air a' ghnòthach gu neo-fhoirmeil. Ma tha neach-obrach a' faireachdainn nach urrainn dhaibh bruidhinn ris a' mhanaidsear-loidhne aca, bu chòir dhaibh coladar a dhèanamh ri manaidsear eile a tha aig an aon ìre gus co-bheachdachadh air dòighean airson dèiligeadh ris a' ghnòthach.

Scope

This policy applies to all employees of Bòrd na Gàidhlig. This policy does not form part of the employee's contractual rights. The organisation reserves the right to vary the detail of the policies as may be required by legislation or organisational requirements, in consultation with trade union (TU) as appropriate.

In the first instance where possible, grievances should be discussed with an employee's line manager in an attempt to resolve the matter informally. If an employee feels unable to approach their line manager directly, they liaise with another manager of the same level who will discuss ways of dealing with the matter.

3 Aithris Poileasaidh

'S e cùis-ghearain adhbhar gearain a thaobh rudeigin a tha an neach-obrach a' creidsinn a bhith ceàrr no mì-cothromach san àite-obrach. Faodaidh cùisean-gearain èirigh bho chaochladh de dh'adhbharan, mar eisimpleir, riarachadh na h-obrach, an àrainneachd obrachail no cumhaichean na h-obrach, na cothroman a thugadh dhut airson leasachadh dreuchd no an dòigh san deach do stiùireadh leis a' mhanaidsear agad.

Policy Statement

A grievance is a cause for complaint over something an employee believes to be wrong or unfair in the workplace. Grievances can result from a variety of reasons, for example, the allocation of work, your working environment or conditions, the opportunities that you have been given for career development or the way in which you have been managed.

Ach, cha bhithear a' dèiligeadh ri cùisean a tha fo bhuidh barganachadh coitcheann no co-chomhairleachadh leis an aonadh chiùird fon mhodh-obrach chùisean-gearain.

However, issues that are the subject of collective negotiation or consultation with the trade union will not be considered under the grievance procedure.

Tha modh-obrach nan cùisean-gearain a' dèanamh cinnteach gu bheil cùisean-iomagain, duilgheadasan no gearanan an neach-obrach air cùis shònraichte gan togail agus gu bheilear a' dèiligeadh riutha. 'S e cùis-ghearain duilgheadas no gearan a tha a' toirt buaidh air neach-obrach agus am fastadh le Bòrd na Gàidhlig.

The grievance procedure ensures an employee's concerns, problems or complaints on a particular issue are raised and addressed. A grievance is a problem or complaint that affects an employee and their employment with Bòrd na Gàidhlig.

4 Modh-obrach

Procedure

Mura bheil e comasach gun rèitichear cùis-ghearain gu neo-fhoirmeil, bu chòir do luchd-obrach a' chùis a thogail gu foirmeil ann an sgrìobhadh agus bu chòir dhaibh mìneachadh a thoirt seachad air nàdar na cùise-gearain a bharrachd air dè b' fheàrr leotha tachairt mar bhuil.

If it is not possible to resolve a grievance informally, employees should raise the matter formally in writing and should explain the nature of the grievance as well as provide a sense of their preferred outcome.

Nuair a tha cùis ga cur chun a' mhodh-obrach foirmeil, bidh an dà phàrtaidh a' gabhail ris gum bu chòir adhartas a bhith cho luath 's a ghabhas, le co-ghealltanais gun dèanar a h-uile oidhirp gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' coileanadh nan raointean-ama ris a bheilear an dùil.

When a matter is referred to the formal procedure, both parties accept that progress should be as quick as possible with a joint commitment that every effort will be made to ensure that expected timescales are met.

Ma tha neach-obrach a' togail cùis-ghearain rè a' phròiseas smachdachaidh no rè a' phròiseas leasachadh coileanaidh, faodar dàil a chur air an dàrna pròiseas fhad 's a thathar a' dèiligeadh ris a' chùis-ghearain.

If an employee raises a grievance during the disciplinary or performance improvement process, either process may be temporarily suspended while the grievance is dealt with.

Ach, ma tha a' chùis-ghearain dlùth-cheangailte ris an dàrna pròiseas, bidh e iomchaidh a bhith a' dèiligeadh ris an dà phròiseas aig an aon àm. Ma tha na cùisean-iomagain a thathar a' togail ann an cùis-ghearain a' buntainn ri làimhseachadh a' phròiseis smachdachaidh no a' phròiseas leasachadh coileanaidh, is àbhaist gum bi e suas ris an neach-obrach na cùisean-iomagain aca a thogail mar phàirt den phròiseas smachdachaidh, agus tha Bòrd na Gàidhlig a' glèidheadh na còrach a bhith a' dèiligeadh ris na cùisean-iomagain seo, no gun a bhith a' dèiligeadh riutha, mar phàirt de phròiseas chùisean-gearain air leth.

However, if the grievance is closely connected to either process, it will be appropriate to deal with both processes at the same time. If the concerns raised in a grievance relate to the handling of the disciplinary or performance improvement process then it will normally be for the employee to raise their concerns as part of the disciplinary or performance process and Bòrd na Gàidhlig reserves the right either to consider or not consider these concerns, as part of a separate grievance process.

Ma tha a' chùis-ghearain a' buntainn ri leth-bhreith, fulangachadh, sàrachadh no burraidheachd, bu chòir don neach-obrach iomradh a thoirt air a' phoileasaidh urram san àite-obrach.

If the grievance relates to discrimination, victimisation, harassment or bullying, the employee should refer to the dignity at work policy.

Ma tha neach-obrach ag iarraidh cùisean-iomagain sam bith a thogail mu dhroch-ghnìomh air a bheil iad an amharas taobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig, bu chòir dhaibh iomradh a dhèanamh air a' phoileasaidh innseireachd.

If an employee wishes to raise any concerns about suspected wrongdoing within Bòrd na Gàidhlig, they should refer to the whistleblowing policy.

5 Ag obair leis a' Phoileasaidh seo

Thèid dèiligeadh ris a h-uile cùis a thèid a thogail fon phoileasaidh seo ann an dòigh a tha cothromach, dìomhair, agus ann an ùine riarachta. Thèid cùisean, far an gabh sin dèanamh, fhuasgladh gu neo-fhoirmeil le luchd-stiùiridh. Far nach eil seo comasach thèid am modh-obrach a tha air a mhìneachadh ann an Earrann 8 a chur an sàs. Far an tèid grunn ghearanan a thogail co-cheangailte ri cùisean co-chosmhail no co-ionann canar gearan coitcheann ris an seo agus leanar am modh-obrach mar a tha air a mhìneachadh ann am Pàipear-taice 2.

Working with this Policy

All issues raised under this policy will be addressed in a fair, timely and confidential manner. Issues, where possible, will be resolved informally by line management. Where this is not possible the procedure outlined in Section 8 will be applied. Where multiple grievances are raised relating to similar or identical issues this is known as a collective grievance and the procedure as set out in Appendix 2 will be followed.

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh cinnteach:

Bòrd na Gàidhlig will ensure that:

- Gu bheil a h-uile cothrom aig luchd-obrach gus cùisean a thogail a tha a' buntainn ris an fhadhadh aca, leis a h-uile cùis-ghearan air a cluinntinn ann an aithghearrachd agus air an rèiteachadh gu cothromach;
 - Gu bheil an taic is comhairle iomchaidh gan toirt seachad gus rèiteachadh chùisean-gearain gu neo-fhoirmeil a bhrosnachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach eadar-mheadhanair air a thrèanadh;
 - Gum faigh luchd-obrach èisteachd chothromach a thaobh cùis-ghearan fhoirmeil sam bith a thogas iad;
 - Gum bithear a' dèiligeadh ri cùisean-gearain gu finealta, an earbsa cho fad 's a ghabhas, agus gum bi a h-uile pàrtaidh sa chùis a' glèidheadh dìomhaireachd air feadh a' phròiseis agus an dèidh làimhe;
 - Thèid beachdachadh air luchd-fianais a tha air an ainmeachadh tron èisteachd gearain no aig a bheil fianais a bhuineas don ghearan mar phàirt de rannsachadh lorg-fiosrachaidh gus firinn na cùise a stèidheachadh.
- Employees have every opportunity to raise issues arising out of their employment, with all grievances being heard promptly and resolved fairly;
 - The appropriate support and guidance is provided to encourage the resolution of grievance issues informally. This may include using a trained mediator;
 - Employees receive a fair hearing concerning any formal grievance they raise;
 - Grievance matters will be handled sensitively, as far as practical in confidence and all parties to the proceedings will maintain confidentiality throughout the process and beyond;
 - Witnesses who are named throughout the grievance hearing or who may have evidence which is relevant to the grievance will be considered as part of a fact-finding investigation to establish the facts of the matter.

Bidh a h-uile pàrtaidh a' dèanamh cinnteach:

All parties will ensure that:

- Gum bi iad ag obair ann an deagh rùn gus earbsa is muinighin a chumail air feadh cùrsa cùis-ghearain sam bith;
- They act in good faith to maintain trust and confidence throughout the course of any grievance;
- Gum bithear a’ dèiligeadh ri cùisean-gearain gu cèillidh agus gu miadhmhor;
- Grievance issues are dealt with discreetly and respectfully;
- Gum bi iad a’ co-obrachadh gu h-iomlan air feadh cùrsa rannsachaidh no pròiseas cùis-ghearain, mar eisimpleir, a’ toirt fiosrachadh air luchd-fianais mar phàirt de choinneimh rannsachaidh;
- They co-operate fully throughout the course of an investigation or grievance process, for example, providing witness information as part of an investigation meeting;
- Chan eil e ceadaichte don neach-obrach, no do dhuine sam bith a tha an sàs sa chùis às an leth, clàradh didseatach a dhèanamh de choinneamh sam bith air a cumail leis a’ bhuidheann mar phàirt den mhodh-obrach cùis-gearain. Dh’fhaodadh briseadh sam bith den t-solar seo fo Achd Dìon Dàta 2018 a bhith ag adhbharachadh pròiseas foirmeil airson smachdachaidh;
- The employee, or any person acting on their behalf, is not permitted to digitally record any meeting held by the organisation as part of the grievance procedure. Any breach of this provision may be a breach of data for those involved under the Data Protection Act 2018 lead to a formal disciplinary process;
- Ann an suidheachaidhean sònraichte cuibhrichte, dh’fhaodadh am buidheann cead a thoirt airson clàradh didseatach a dhèanamh den choinneimh. Mar eisimpleir, far a bheil an neach-obrach ciorramach, dh’fhaodadh e a bhith iomchaidh mar mhion-atharrachadh reusanta fo Achd Co-ionannachd 2010. Far a bheilear a’ beachdachadh air seo, bithear a’ sireadh cead ro-làimh bho gach neach a tha an sàs ann;
- In certain limited circumstances, the organisation may permit the meeting to be recorded digitally. For example, where the employee is disabled, it may be appropriate as a reasonable adjustment under the Equality Act 2010. Where this is considered, prior consent will be sought from all parties involved;
- Feumar iarrtasan airson clàradh didseatach a dhèanamh den choinneimh a chur chun a’ mhanaidsear-loidhne. Feumar aonta fhaighinn bhon h-uile pàrtaidh ro làimh mus dèanar clàradh den agallamh. Airson tuilleadh fiosrachaidh, feuch gun dèanar iomradh air a’ phoileasaidh dìon dàta.
- Requests to digitally record any meeting must be directed to the manager chairing the hearing. Consent must be received by all parties prior to any digital recording of the meeting. For further information please refer to the data protection policy.

6 Dreuchdan agus Dleasan a thaobh a’ Phoileasaidh seo

Tha uallach air luchd-obrach:

- Dèanamh soilleir gum bu chòir na beachdan a tha iad a’ cur an cèill a bhith air am meas mar chùis-ghearain. Aig an ìre neo-fhoirmeil, gabhaidh seo a dhèanamh le briathran beòil, ach sna h-ìrean foirmeil bu chòir gun dèanar ann an sgrìobhadh e.

Roles and Responsibilities in relation to this Policy

Employees have a responsibility to:

- Make it clear, that the views they are expressing should be regarded as a grievance. At the informal stage this can be done verbally, but in the formal stages it must be in writing.

- A' chùis-ghearain aca a mhìneachadh agus innse mar a tha iad a' smaontinn gum bu chòir a fuasgladh.
- Am poileasaidh a leughadh agus a thuigsinn, agus a ghèilleadh ris, nuair a tha iad a' togail cùis-ghearain.
- Co-obrachadh gu h-iomlan le cur an gnìomh nam modhan-obrach.
- Pàirt a ghabhail ann an rannsachaidhean, freagairt ri co-sgrìobhachas agus coinneamhan a fhrithealadh nuair a thathar ag iarraidh orra.
- Ma tha cuideigin gu bhith a' tighinn còmhla riutha, ullachaidhean a dhèanamh airson am pearsa a bhith an làthair aig an èisteachd agus na sgrìobhainnean buntainneach uile fhaighinn.
- Gun a bhith a' togail chùisean-gearain droch-rùnach.
- Explain their grievance and say how they think it should be resolved.
- Read, understand, and comply with the policy when raising a grievance.
- Co-operate fully with the implementation of procedures.
- Participate in investigations, respond to correspondence and attend meetings when requested.
- If being accompanied, make arrangements for their accompanying person to attend any hearing and be in receipt of all relevant documentation.
- Not raise malicious grievances.

Tha uallach air manaidsèaran-loidhne:

Line managers have a responsibility to:

- Dèiligeadh ann an aithghearrachd ris a h-uile cùis-ghearain a thathar a' togail, co-dhiù ma tha a' chùis-ghearain ga nochdadh ann an sgrìobhadh no nach eil. Ma tha teagamh sam bith aig a' mhanaidsear, bu chòir dhaibh faighneachd den neach-obrach gu calg-dhìreach agus fios a chur gu Goireasan Daonna.
- Conaltradh a dhèanamh ann an aithghearrachd ris an neach-obrach a tha a' dèanamh na cùis-gearain gus an suidheachadh a mheas agus, far an gabh a dhèanamh, an gnothach a rèiteachadh gu neo-fhoirmeil.
- Clàran pongail a chumail den chùis-ghearain aig a h-uile ìre agus dèanamh cinnteach gu bheil lethbhreacan de na sgrìobhainnean air an sàbhaladh dha faidhle fastaidh an neach-obrach.
- Coluadar a dhèanamh le Goireasan Daonna aig gach ìre foirmeil den chùis-ghearain agus comhairle is stiùireadh a shireadh far a bheil sin iomchaidh.
- Gèilleadh ris a' phoileasaidh seo ann an dòigh neo-phàirteach.
- Deal promptly with all grievances raised, whether or not the grievance is presented in writing. If a manager is in any doubt, they should ask the employee directly and contact HR.
- Contact the employee making the grievance promptly to assess the situation and where possible, resolve the matter informally.
- Retain accurate records of the grievance at all stages and ensure copies of documentation are saved to the employee's personnel file.
- Liaise with HR at each formal stage of the grievance and seek advice and guidance when appropriate.
- Comply with this policy in an impartial manner.

- Coinneamhan cùise-gearain foirmeil a rianachadh agus clàr-ama sealadach a phlanadh.
 - Dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh buntainneach ri fhaotainn ron èisteachd.
 - Far nach urrainnear dèiligeadh ri gnothaichean gu neo-fhoirmeil, fiathachadh a thoirt don neach-obrach ann an sgrìobhadh a thighinn gu èisteachd foirmeil gus bruidhinn air a' chùis-ghearain.
 - Taic a chur air dòigh airson na h-èisteachd, m. e. cuideigin a sgrìobhas notaichean, msaa.
 - An co-dhùnadh a dhearbhadh ann an sgrìobhadh don neach-obrach an dèidh coinneamh na cùise-gearain. Bidh seo a' gabhail a-steach an reusanachadh air chùlaibh a' cho-dhùnaidh, agus ma tha gnìomh gu bhith air a ghabhail, cò leis a nithear e, agus gu bheil còir ann air ath-thagraidh.
- Administer formal grievance meetings and plan a provisional timetable.
 - Ensure that the relevant information is available prior to a hearing.
 - Where matters cannot be dealt with informally, invite the employee in writing to a formal hearing to discuss the grievance.
 - Arrange support for the hearing i.e. note taker etc
 - Confirm the decision to the employee in writing after the grievance meeting has taken place. This will include the reasoning behind the decision, if there is any action to be taken, by whom and the right of appeal.

Tha uallach air Goireasan Daonna:

- Comhairle, taic is stiùireadh a thoirt do luchd-obrach is do mhanaidsearan air cur an gnìomh a' phoileasaidh chùisean-ghearain agus dèanamh cinnteach gu bheil a' leantainn a' phoileasaidh.
- Nuair a thathar a' comhairleachadh mhanaidsearan, fiosrachadh neo-chlaon a thoirt seachad, agus raointean cunnairt a chomharrachadh.
- Obair còmhla ris na pàrtaidhean a tha an sàs sa chùis gus fuasglaidhean practaigeach a chomharrachadh.

Tha uallach air a' phearsa a bhios a' tighinn còmhla ris an neach-obrach:

- An neach-obrach a chuideachadh ann a bhith a' tionail fiosrachadh a bhios a' toirt taic don chùis aca.
- Taic a thoirt do agus còmhraidh a dhèanamh ris an neach-obrach rè na h-èisteachd.

HR have a responsibility to:

- Provide support, guidance and advice on the application of the grievance policy to employees and managers ensuring that the policy is followed.
- When advising managers, provide objective information and identify areas of risk.
- Work with the parties concerned to identify practical solutions.

The accompanying person has the responsibility to:

- Assist the employee in collating information that supports their case.
- Support and confer with the employee during the hearing.

- Dìomhaireachd a ghlèidheadh aig a h-uile àm
- Gun a bhith a' giùlan ann an dòigh bhuaireasach no bhacail.

Thoir fa-near – Chan eil a' chòir aig a' phearsa a tha còmhla ris an neach-obrach a bhith a' freagairt cheistean às leth an neach-obrach no a bhith a' labhairt don èisteachd far a bheil an neach-obrach a' nochdadh nach eil iad ga iarraidh no a bhith a' bacadh a' mhanaidsear-loidhne bho bhith a' mìneachadh na cùise.

- Maintain confidentiality at all times.
- Not to behave in a disruptive or obstructive manner.

Note – The accompanying person does not have the right to answer questions on the employee's behalf or address the meeting if the employee does not wish it or prevent the manager from explaining the case.

7 Dìon Dàta

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' giùllachd dàta pearsanta a chaidh a thional rè ghearanan neo-fhoirmeil agus a' mhodh-obrach foirmeil airson chùisean-gearain ann an co-rèir ris a' phoileasaidh dìon dàta aige. Gu sònraichte, tha dàta a chaidh a thional mar phàirt de ghearanan neo-fhoirmeil agus a' mhodh-obrach chùisean-gearain air a chumail gu tèarainte agus gheibhear cothrom air, agus bithear a' rùn-phàirteachadh ri, pearsachan a-mhàin air los gum faodar freagairt ris na gearanan no a' rianachadh a' mhodh-obrach chùisean-gearain agus thathar ga ghlèidheadh ann an co-rèir ri clàran-ama glèidhidh Bòrd na Gàidhlig.

Bidh cothrom neo-ìomchaidh air dàta luchd-obrach, no a rùn-phàirteachadh, ga mheas mar bhriseadh dàta agus bithear ga aithris gun dàil ann an co-rèir ri poileasaidh dìon dàta na buidhne. Dh'fhaodadh e cuideachd a bhith na choire smachdachaidh le pròiseas foirmeil ga leantainn.

8 Modh-obrach chùisean-gearain

A' stiùireadh a' mhodh-obrach airson chùisean-gearain

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh gum faod modh-obrach chùisean-gearain, co-dhiù ma tha e neo-fhoirmeil no foirmeil, a bhith na thachartas ioma-chuideamach agus neo-fhoisneachail airson a h-uile pàrtaidh a tha an sàs ann. Tha làn-chòir aig a h-uile duine sa phròiseas a bhith air a làimhseachadh gu cothromach agus le meas. Chan fhulaing am buidheann giùlan droch-dhiolach no tàireil bho dhuine sam bith a tha a' gabhail pàirt no a' stiùireadh mhodhan-obrach chùisean-gearain agus bithear a' dèiligeadh ri leithid a ghiùlan no mì-ghiùlan fon mhodh-obrach smachdachaidh.

Data Protection

Bòrd na Gàidhlig processes personal data collected during informal complaints and the formal grievance procedure in accordance with its data protection policy. In particular, data collected as part of informal complaints and the grievance procedure, is held securely and accessed by and disclosed to, individuals only for the purposes of responding to the complaints or conducting the grievance procedure and is held in line with Bòrd na Gàidhlig's retention schedules.

Inappropriate access or disclosure of employee data constitutes a data breach and will be reported in accordance with the organisation's data protection policy immediately. It may also constitute a disciplinary offence and a formal process followed.

Grievance procedure

Conducting the grievance procedure

Bòrd na Gàidhlig recognises that an informal or formal grievance procedure can be a stressful and upsetting experience for all parties involved. Everyone involved in the process is entitled to be treated fairly and with respect. The organisation will not tolerate abusive or insulting behaviour from anyone taking part in or conducting grievance procedures and will treat any such behaviour as misconduct under the disciplinary procedure.

Modh-obrach neo-fhoirmeil

Ma tha neach-obrach a' meas gu bheil cùis-ghearain aca, bu chòir dhaibh an toiseach beachdachadh air a' ghnòthach air stèidh neo-fhoirmeil leis a' mhanaidsear-loidhne aca.

Ma tha an gearan an aghaidh manaidsear-loidhne an neach-obrach, faodaidh an neach-obrach roghnachadh a bhith a' togail na cùise-gearain gu foirmeil. Ach thathar a' brosnachadh luchd-obrach am pròiseas neo-fhoirmeil a chleachdadh gus a' chùis a thogail leis a' mhanaidsear-loidhne sa chiad dol-a-mach no le manaidsear eile aig an aon ìre.

Nì am manaidsear-loidhne, no manaidsear eile aig an aon rang, oidhirp gus fuasgladh riarachail fhaighinn taobh a-staigh **10 làithean-obrach** bhon a chaidh an ghnòthach a chur thuca, taobh a-staigh crìochan an ùghdarrais aca.

Thèid clàradh a dhèanamh den choinneimh is còmhraidh neo-fhoirmeil a bharrachd air na co-dhùnidhean no gnìomh a tha am manaidsear-loidhne a' rùnachadh a dhèanamh gus a' chùis-ghearain a rèiteachadh. Bu chòir gun tèid iad seo a shàbhaladh air faidhle fastaidh an neach-obrach air PeopleHR.

Is urrainnear beachdachadh air rèiteachadh airson na cùise-gearain a shireadh tro eadar-mheadhanachadh mur urrainnear co-dhùnadh riarachail a ruigsinn. Ann an eadar-mheadhanachadh, bidh treas pàrtaidh an sàs sa chùis agus 's e dòigh dhìomhair, shaor-thoileach a th' ann airson eadar-dhealachaidhean fhuasgladh.

Ann an cuid de shuidheachaidhean, nuair a thathar a' meas gu bheil cùis-ghearain gu h-àraid connspaideach no trom-chùiseach, mar eisimpleir le casaidean burraidheachd, far nach eil an neach-obrach a' faireachdainn gum faodar dèiligeadh ris a' ghnòthach gu neo-fhoirmeil, tòisichidh am pròiseas foirmeil.

Modh-obrach foirmeil

Ma tha an neach-obrach a' meas gu bheil an ghnòthach trom-chùiseach gu leòr, no mura deach a rèiteachadh aig an ìre neo-fhoirmeil, no mas e manaidsear-loidhne an neach-obrach a tha ag adhbharachadh na cùise-gearain agus mura b'

Informal procedure

If an employee considers they have a grievance, they should first discuss the matter on an informal basis with their line manager.

If the complaint is against the employee's line manager, the employee may choose to raise the grievance formally, however employees are encouraged to use the informal process to raise the issue with the line manager in the first instance or another manager of the same level.

The line manager or manager of the same level will attempt to achieve a satisfactory solution within **10 working days** of the matter being referred, within the limits of their authority.

A record of the informal meeting and discussion will be made as well as the decision or actions the line manager intends to take to resolve the grievance. These should be saved in the employee's personnel file on PeopleHR.

Consideration can be given to seek resolution of the grievance by mediation if a satisfactory conclusion cannot be reached. Mediation will involve a third party and is a confidential, voluntary way to resolve differences.

In some circumstances, when a grievance is deemed to be particularly contentious or serious, for example allegations of bullying, where an employee does not feel able to explore the matter informally with the alleged perpetrator, the formal process will commence.

Formal procedure

If the matter is regarded by the employee as sufficiently serious, or if it has not been resolved at the informal stage, or if the employee's line manager is the cause of the grievance and the matter has not been able to

urrainnear dèiligeadh ris a' ghnothach gu neo-fhoirmeil, faodar a' chùis-ghearain a thoirt air adhart mar phàirt den phròiseas fhoirmeil.

be dealt with informally, the grievance can be taken forward as part of the formal process.

Ann an cùisean den leithid sin, bu chòir don neach-obrach sgrìobhadh gu manaidsèar a' mhanaidseir-loidhne aca. Ann an cùisean far an deach an ìre neo-fhoirmeil a chleachdadh, bu chòir gum bi pròiseas foirmeil sam bith a' tòiseachadh taobh a-staigh **5 làithean-obrach** an dèidh don cho-dhùnadh a bhith air a cho-phàirteachadh no gnìomhan gus rèiteachadh a shireadh air a bhith air an coileanadh (m.e. far an deach eadar-mheadhanachadh a chleachdadh agus a choileanadh).

In such cases the employee should write to their line manager's manager. In cases where the informal stage has been used, any formal process should commence within **5 working days** after the decision has been communicated or actions to seek resolution completed (e.g. where mediation has been used and concluded).

Ann an cùisean eile, bu chòir don neach-obrach dàil thar cuimse a sheachnadh eadar gnìomhan (no an gnìomh mu dheireadh ann an sreath de gnìomhan) air a bheilear a' gearan mus tòisich iad air a' mhodh-obrach fhoirmeil.

In other cases the employee should avoid any undue delay between the acts (or the latest in a series of acts) complained of before initiating the formal procedure.

Faodaidh manaidsèar a' mhanaidseir-loidhne a bhith na mhanaidsear airson na h-èisteachd, no nì e ullachadh airson manaidsèar èisteachd a chur an dreuchd. Bidh manaidsèar na h-èisteachd aig ìre a tha co-dhiù co-ionann ri ìre a' mhanaidseir-loidhne. Cuiridh manaidsèar na h-èisteachd coinneamh air dòigh leis an neach-obrach gus beachdachadh air a' chùis-ghearain, mar as trice taobh a-staigh **10 làithean-obrach** bhon fhuaras a' chùis-ghearain fhoirmeil.

The line manager's manager may be the hearing manager or will arrange for a hearing manager to be appointed. The hearing manager will be at least the equivalent level of the line manager. The hearing manager will arrange a meeting with the employee to discuss the grievance usually within **10 working days** of receipt of a formal grievance.

Dh'fhaodte gum feum manaidsèar na h-èisteachd fiosrachadh tòiseachail a thional ron choinneimh. Is àbhaist gun dèanar co-dhiù nota-faidhle mu dheidhinn ìre neo-fhoirmeil sam bith.

Some initial information gathering by the hearing manager may be required before the meeting. There will normally be at least a file note of any informal stage.

Rè na coinneimh, no ro làimh, bu chòir don neach-obrach luchd-fianais buntainneach sam bith a chomharrachadh dom faodar bruidhinn mar phàirt den rannsachadh no fiosrachadh is fianais bhuntainneach sam bith eile a chomharrachadh a tha an neach-obrach a' creidsinn a bhith buntainneach don chùis-ghearain aca, a' gabhail a-steach dè bu toigh leotha fhaicinn mar a' bhuil ion-mhiannaichte. Ach 's e manaidsèar na h-èisteachd a bhios a' dèanamh a' cho-dhùnaidh air cò ris a bhiodh e freagarrach agallamh a dhèanamh mar phàirt den phròiseas.

During, or in advance of the meeting, the employee should identify any relevant witnesses who they suggest may be spoken to as part of the investigation or identify any other relevant information or evidence the employee believes relevant to their grievance including what they would like as the desired outcome. However, the hearing manager will decide who it is appropriate to interview as part of the process.

Tha làn-chòir aig an neach-obrach gum bi co-obraiche no riochdaire creideasichte Aonaidh Chiùird còmhla riutha aig a' choinneimh seo.

The employee is entitled to be accompanied at this meeting by a work colleague or accredited Trade Union Representative.

Rè na coinneimh, beachdaichidh manaidsèar na h-èisteachd air fiosrachadh is fianais sam bith a thathar a' taisbeanadh agus sgrùdadh e loidhnichean rannsachaidh a bharrachd mar a tha iomchaidh. Rè na coinneimh bithear a' gabhail notaichean, a thèid a cho-phàirteachadh leis an neach-obrach (Faodaidh an neach-obrach agus am pearsa a tha còmhla riutha notaichean a ghabhail dhaibh fhèin ma tha iad ag iarraidh).

During the meeting, the hearing manager will consider the information and evidence presented and will explore any further avenues of enquiry as appropriate. Notes will be taken during the meeting, which will be shared with the employee (The employee and accompanier can take their own notes during the meeting, if they wish).

Ann an cùisean far a bheil a' meas gu reusanta gum faodar dèiligeadh ri gnothaichean gun rannsachadh mionaideach a bharrachd, bidh manaidsèar na h-èisteachd ag amas air buil na cùise innse don neach-obrach taobh a-staigh **10 làithean-obrach** bho chrìoch na h-èisteachd. Ann an cùisean far nach gabh seo a dhèanamh, no far a bheil barrachd rannsachaidh a dhìth, bheir manaidsèar na h-èisteachd comhairle don neach-obrach air seo agus raon-ama tuairmsichte airson freagairt.

In cases where it is reasonably considered that matters can be dealt with without detailed further investigation, the hearing manager will aim to advise the employee of the outcome of the Grievance within **10 working days** of the hearing being concluded. In cases where this is not possible, or where further investigation is required, the hearing manager will advise the employee of this and of the estimated timescale for a response.

Ann an cùisean far a bheil barrachd rannsachaidh a dhìth, no far a bheil tuilleadh soilleireachaidh riatanach, bidh manaidsèar na h-èisteachd a' toirt fa-near a bheil coinneamh a bharrachd leis an neach-obrach deatamach.

In cases where further investigation is required, or where further clarification is needed, the hearing manager will give consideration as to whether a further meeting with the employee is necessary.

Nuair a thathar a' freagairt ris a' chùis-ghearain, bheir manaidsèar na h-èisteachd an co-dhùnadh aca ann an sgrìobhadh, ag amas air an suidheachadh a rèiteachadh gu h-iomchaidh.

When responding to the grievance, the hearing manager will give their decision in writing, aiming to resolve the situation appropriately.

Far an deach ceuman sam bith a ghabhail gus buil riarachail a choileanadh no dèiligeadh air mhodh eile ris na cùisean-iomagain, bu chòir gu bheil gan cur an cèill sa cho-dhùnadh sgrìobhte. Bu chòir do mhanaisèar na h-èisteachd comhairle a shireadh bho Ghoireasan Daonna air susbaint a' cho-dhùnaidh sgrìobhte aca agus bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil a' faidhleath lethbhreac den cho-dhùnadh gu h-iomchaidh.

Where any measures have been taken to try to achieve a satisfactory outcome or otherwise addressing the concerns raised, then these too, should be set out in the written decision. The hearing manager should seek advice from HR on the content of their written decision where necessary and they should ensure that a copy of the decision is filed appropriately.

Faodaidh an neach-obrach ath-thagrachadh a dhèanamh **taobh a-staigh 5 làithean-obrach** bhon a fhuaras litir na buile, gu manaidsèar a' mhanaisèir-loidhne aca no gu manaidsèar eile aig ìre cho-chosmhail.

The employee may appeal in writing **within 5 working days** of receiving the outcome letter, to their line manager's manager or a manager at a similar level.

Ath-thagrachadh

Mura deach an gnothach a rèiteachadh aig an ìre ron seo agus ma tha an neach-obrach airson ath-thagrachadh a dhèanamh, cuiridh iad ann an sgrìobhadh ath-thagrachadh do mhanaisèar a'

Appeal

If the matter has not been resolved at the previous stage and the employee wishes to appeal, they will submit in writing, an appeal to their line manager's manager. The letter of

mhanaidseir-loidhne aca. Feumaidh litir an ath-thagraidh a bhith soilleir air dè pàirtean a' chòdhùaidh leis a bheil iad mì-riaraichte, dè na raointean sa chùis-ghearain fa chomhair gu bheil iad airson ath-thagraidh a dhèanamh, a' toirt seachad fiosrachadh ùr air nach deach beachdachadh roimhe no a' mìneachadh trioblaidean sam bith leis a' phròiseas. Chan e uidheam gus a' chùis-ghearain thùsail a cluinntinn a-rithist a th' ann an ath-thagraidh.

Cluinnear èisteachd an dara cuid le manaidsear a' mhanaidseir-loidhne no le manaidsear co-chosmhail aig an aon ìre (manaidsear an ath-thagraidh).

Tionailidh manaidsear an ath-thagraidh an fhianais agus fiosrachadh uile a tha ri làimh gu ruige seo agus beachdaichidh e air na h-adhbharan a chuireadh a-steach airson an ath-thagraidh. Cuiridh manaidsear an ath-thagraidh coinneamh air dòigh leis an neach-obrach, mar as trice taobh a-staigh **10 làithean-obrach**. Bidh am pròiseas coltach ris an èisteachd fhoirmeil.

'S ann aig co-dhùnadh manaidsear an ath-thagraidh a tha am facal mu dheireadh agus sin crìoch a' phròiseis fhoirmeil airson chùisean-gearain.

Còir cuideigin a bhith còmhla riutha

Faodaidh cuideigin a bhith còmhla ris an neach-obrach aig èisteachd sam bith a chuireadh air dòigh mar phàirt den mhodh-obrach fhoirmeil. Bidh am pearsa a tha còmhla riutha an dara cuid na chobraiche taobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig no na riochdaire creideasichte Aonaidh Chiùird. Bu chòir gu bheil an t-iarrtas airson cuideigin a bhith còmhla riutha reusanta, gun chomas air strì eadar com-pàirtean; mar eisimpleir, is àbhaist nach biodh am pearsa a tha còmhla riutha na phrìomh neach-fianais no na mhanaidsear-loidhne dhaibh.

Chan eil a' chòir aig a' phearsa a tha còmhla ris an neach-obrach a bhith a' freagairt cheistean às leth an neach-obrach no a bhith a' labhairt don choinneimh far a bheil an neach-obrach a' nochdadh nach eil iad ga iarraidh no a bhith a' bacadh a' mhanaidsear-loidhne bho bhith a' mìneachadh na cùise.

Bu chòir don neach-obrach innse do mhanaidsear na h-èisteachd no manaidsear an ath-thagraidh cò am pearsa a bhios còmhla riutha co-dhiù 2 latha-

